



Teisteanais  
Nàiseanta  
2021 GOIREAS MEASIDH

X874/76/12

Matamataig  
Pàipear 2

Ùine — 1 uair 30 mionaidean

---

Comharran gu lèir — 65

**ROINN 1 — 52 comharran**

Feuch na ceistean UILE.

**ROINN 2 — 13 comharran**

Feuch AN DARA CUID Pàirt A NO Pàirt B.

**Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh.**

Gus na comharran gu lèir fhaighinn, feumaidh tu d' obrachadh a-mach a shealltainn.

Cuir na h-aonadan anns na freagairtean agad far a bheil sin iomchaidh.

Chan fhaigh thu comharran airson freagairtean a tha air an togail bho dhealbhan-sgèile.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Chan eil farsaingeachd an àite airson freagairt idir ag innse na bu chóir dhut a sgrìobhadh. Cha leig thu leas an t-àite air fad a lònadh.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

**Cleachd inc gorm no dubh.**

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 7 4 7 6 1 2 \*

## LIOSTA FHOIRMLEAN

### Cearcall

Tha an co-aontar  $x^2 + y^2 + 2gx + 2fy + c = 0$  a' riochdachadh cearcall le meadhan  $(-g, -f)$  agus radius  $\sqrt{g^2 + f^2 - c}$ .

Tha an co-aontar  $(x-a)^2 + (y-b)^2 = r^2$  a' riochdachadh cearcall le meadhan  $(a, b)$  agus radius  $r$ .

### An Toradh Scalair

$$\mathbf{a} \cdot \mathbf{b} = |\mathbf{a}| |\mathbf{b}| \cos \theta, \text{ far a bheil } \theta \text{ a' riochdachadh a' cheàirn eadar } \mathbf{a} \text{ agus } \mathbf{b}$$

no 
$$\mathbf{a} \cdot \mathbf{b} = a_1b_1 + a_2b_2 + a_3b_3 \text{ far a bheil } \mathbf{a} = \begin{pmatrix} a_1 \\ a_2 \\ a_3 \end{pmatrix} \text{ agus } \mathbf{b} = \begin{pmatrix} b_1 \\ b_2 \\ b_3 \end{pmatrix}.$$

### Foirmlean triantanach

$$\sin(A \pm B) = \sin A \cos B \pm \cos A \sin B$$

$$\cos(A \pm B) = \cos A \cos B \mp \sin A \sin B$$

$$\sin 2A = 2 \sin A \cos A$$

$$\cos 2A = \cos^2 A - \sin^2 A$$

$$= 2 \cos^2 A - 1$$

$$= 1 - 2 \sin^2 A$$

### Deribheatan cumanta

$f(x)$	$f'(x)$
$\sin ax$	$a \cos ax$
$\cos ax$	$-a \sin ax$

### Iontagralan cumanta

$f(x)$	$\int f(x)dx$
$\sin ax$	$-\frac{1}{a} \cos ax + c$
$\cos ax$	$\frac{1}{a} \sin ax + c$

**ROINN 1 — 52 comharran**  
**Feuch na ceistean UILE**

1. Obraich a-mach co-aontar a' bheantain ris a' lùb  $y = 2x^3 - 8x^2 + 14$  aig a' phuing far a bheil  $x = 3$ .

4

2. Lorg  $\int \frac{6}{(x+5)^{\frac{3}{2}}} dx, x > -5$ .


3

3. Ma tha  $h(t) = \sin\left(2t + \frac{\pi}{6}\right)$ , obraich a-mach an reat-atharrachaidh aig  $h$  nuair a tha  $t = 10$ .

3


[Tionndaidh an duilleag

4. Aig an triantan ABC tha bheartaigsean A(-5, 1), B(3, 1) agus C(4, -5).



- (a) Is e an loidhne  $L_1$  an àirde tro B.  
Lorg co-aontar  $L_1$ . 3
- (b) Is e an loidhne  $L_2$  an letheadair ceart-cheàrnach aig AB.  
Lorg co-aontar  $L_2$ . 3
- (c) Obraich a-mach co-chomharan nam puingean far a bheil na loidhnichean  $L_1$  agus  $L_2$  a' coinneachadh. 1
5. (a) Sgrìobh  $3\cos t^\circ + 5\sin t^\circ$  anns an riochd  $k \sin(t+a)^\circ$ ,  $k > 0$ ,  $0 < a < 360$ . 4
- (b) Tha fuincsean,  $f$ , air a mhìneachadh le  $f(t) = 3\cos t^\circ + 5\sin t^\circ$ ,  $0 \leq t < 360$ .
- (i) Sgrìobh an luach as lugha aig  $f(t)$ . 1
  - (ii) Obraich a-mach an luach aig  $t$  aig an luach as lugha aig  $f(t)$ . 1


6. Tha graf a' fuincsean  $f(x) = 6x - 2x^{\frac{3}{2}}$ ,  $x \geq 0$  gu h-ìosal.  
Is e A puing tionndaidh air  $f(x)$ .



- (a) Obraich a-mach an co-comharra-x aig a' phuing-tionndaidh A. 3  
 (b) Leis an fhiosrachadh sin, obraich a-mach farsaingeachd a' phìos dhatte. 4

[Tionndaidh an duilleag

7. Tha an diagram a' sealltainn an graf aig  $y = f(x)$ , le puingean tionndaidh aig  $x = -1$  agus  $x = 3$ .



Air an diagram ann an leabhran nam freagairtean agad, dèan sgeidse de ghraf so-dhèanta airson  $y = f'(x)$ .

3


8. Fuasgail an co-aontar  $2\sin(3x - 60)^\circ + 1 = 0$ ,  $0 \leq x < 180$ .

4

9. Tha canastair pònairean ann an cruth siolandair le tomhas-lìonaidh  $450 \text{ cm}^3$ .

Tha radius a' chanastair  $r \text{ cm}$  agus an àirde  $h \text{ cm}$ .

Tha lòn dhen chanastair anns an diagram gu h-ìosal.



- (a) Dearbh gu bheil farsaingeachd uachdair iomlan a' chanastair,  
A ceudameatairean cèarnagach, air a riochdachadh le

$$A(r) = 2\pi r^2 + \frac{900}{r}.$$

3

- (b) Obraich a-mach an radius a bheir dhut an farsaingeachd uachdair as lugha.

6

10. (a) Dearbh gu bheil  $2 \tan x \cos^2 x = \sin 2x$ , far a bheil  $-\frac{\pi}{2} < x < \frac{\pi}{2}$ .

2

- (b) Ma tha

- $\frac{dy}{dx} = 6 \tan x \cos^2 x$ , agus
- $y = 3$  nuair a tha  $x = 0$ ,

sgriobh  $y$  ann an teirmean  $x$ .

4

[CRÌOCH A' ROINN 1]

[Tionndaidh an duilleag

**ROINN 2 — 13 comharran**  
**Feuch AN DARA CUID Pàirt A NO Pàirt B**

**Pàirt A**

11. (a) Ma tha A(3, 1, 8), B(-2, 5, 1) agus C(7, -6, 3),

sgriobh  $\overrightarrow{AB}$  agus  $\overrightarrow{AC}$  anns an riochd pàirteil.

2

(b) Leis an fhiosrachadh sin, obraich a-mach meud ceàrn BAC.

4

12. Tha òrdugh de fhìor àireamhan aig a bheil

- teirmean an òrduigh a' freagairt an dàimh tillteachais  


$$u_{n+1} = 9u_n - 440$$
- tha  $u_{n+1} > u_n$  airson nan luachan uile aig  $n$ .

Is e an diofar eadar dà theirm,  $u_{k+1}$  agus  $u_k$ , 1000.

Obraich a-mach, a' cleachdadadh ailseabra, an luach aig  $u_k$ .

3

13. Is e priosam a th' ann an ABCD,EFGH.



- $\vec{AB} = \begin{pmatrix} 8 \\ -4 \\ 6 \end{pmatrix}$ ,  $\vec{BC} = \begin{pmatrix} -7 \\ 5 \\ 3 \end{pmatrix}$  agus  $\vec{BF} = \begin{pmatrix} 7 \\ 11 \\ -2 \end{pmatrix}$ .
- $\vec{AB} = 2\vec{DC}$ .

(a) Sgrìobh  $\vec{CF}$  ann an riochd pàirteil.

1

(b) Leis an fhiosrachadh seo, no ann an dùigh eile, sgrìobh  $\vec{DF}$  ann an riochd pàirteil.

1

(c) Tha a' phuing Q a' laighe air an loidhne AD.


Ma tha  $\vec{QF} = \begin{pmatrix} 17 \\ 5 \\ 0 \end{pmatrix}$ , lorg  $\vec{QD}$ .

2

[Tionndaidh an duilleag

## Pàirt B


14. Tha a' phuing A(3, 5) air a' chearcall le co-aontar  $x^2 + y^2 - 10x + 2y - 14 = 0$ .



Obraich a-mach co-aontar a' bheantain aig A.

4

15. Tha an loidhne  $y = 4 - 2x$  a' coinneachadh a' chearcaill  $x^2 + y^2 - 10x - 8y + 1 = 0$  aig na puingean P agus Q.




Lorg co-chomharan nam puingean far a bheil iad a' coinneachadh.

4

16. Tha dà chaochlair,  $x$  agus  $y$ , air an co-cheangal leis a' cho-aontar  $y = ab^x$ .

Is e loidhne dhìreach a tha anns a' ghráf aig  $\log_8 y$  agus  $x$  mar a chì thu anns an diagram.



Lorg na luachan aig  $a$  agus  $b$ .

5

[CRÌOCH A' ROINN 2]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO